

## GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID, 9mh DHEN LÙNASTAL 2020

### Ùrnaigh aig 7f

An robh an t-eagal ort a-riamh? Tha an fhreagairt againn cho luath 's a tha sinn a' cur an ceist oirnn fhèin. A bheil an t-eagal air a bhith ort anns na mìosan seo chaidh gu sònraichte? A-rithist, tha an fhreagairt againn uile. An robh an leithid de dh'eagail oirnn a-riamh, gu coitcheann, 's a tha air a bhith oirnn ri linn Covid-19? Bidh an t-eagal agus iomagan gar reòthadh, agus mar a tha sinn a' faicinn a-nis, faodaidh iad rìoghachdan agus coimhearsnachdan a reòthadh cuideachd, agus mì-chinnt throm fhàgail air a h-uile duine.

Leughaidh sinn ann an Soisgeul Mhata gun robh an t-eagal air deisciobail Ìosa aon mhadainn. Bha iad air an oidhche a chuir seachad ann an eathar air an uisge, "air an tilgeil mun cuairt leis na tonnan" agus an uair sin bha dearg-eagal am beatha orra, agus cha b' urrainn dhaibh làthaireachd Ìosa aithneachadh. Labhair e riutha, agus thuirt e, "Na biodh eagal oirbh." Agus fhreagair Peadar e, agus thug e ceum às an eathar agus choisich e a dh'ionnsaigh Ìosa. Ach fhad 's a rinn e sin, thuit an t-eagal air a-rithist, agus ghlaodh e, "A Thighearna, sàbhail mi!" Agus shìn Ìosa a-mach a làmh agus rug e air, agus thug e gu àite sàbhailte e. (Mata 14: 22 - 33)

An-diugh, tha Ìosa a' sìneadh a-mach a làmh dhaibh-san uile a tha fo eagail agus fo iomagain.

A Thighearna, chruthaich thu agus dhealbhadh thu sinn.

Tha sinn dealbhte nad ìomhaigh fhèin,  
agus tha sinn uile gu lèir aithnichte dhut.

Èist rinn, agus sinn a' glaodhadh, agus thoir cobhair dhuinn nar feum.

A Thighearna, na do thròcair,

Èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, chaidh d' Fhacal a dhèanamh na fheòil agus ghabh e còmhnaidh nar measg,

làn gràis agus firinn.

Tha am Facal beò a' tighinn dar n-ionnsaigh, agus tha sinn ga fhreagairt le cridheachan fosgailte.

Thig, a Thighearna, agus coinnich rinn far a bheil sinn an-diugh.

A Thirgheana, na do thròcair,

Èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha thu a' faicinn gach rud a thachras mu thimcheall oirnn,  
agus o d' fhradharc chan eil nì sam bith falaichte.  
Tha thu a' faicinn na tonnan a tha gar tilgeadh, agus stoirm nan seachd sìon.  
Thig, a Thighearna, agus deònaich dhuinn cobhair nar feum.  
A Thighearna, na do thròcair,  
Èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha do làthaireachd air fhoillseachadh ann am beatha do Mhic.  
Tha e eòlach oirnn, tha e ag eadar-ghuide air ar son.  
Deònaich gun cluinn e sinn nuair a tha sinn iomaganach,  
agus gum freagair e sinn nuair a tha sinn fo eagal.  
A Thighearna, na do thròcair,  
Èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha thu a' brosnachadh ar creideimh,  
ach tha sinn ag aideachadh gu bheil ar creideamh lag.  
Èist rinn nuair a ghlaodhas sinn, "A Thighearna, sàbhail mi!"  
Agus sìn a-mach do làmh dhaibh-san uile a tha ag glaodhadh riut an-diugh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
Èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)